

Bingo agus an Slaman-milis



Dee Reid • Kim Blundell



Seo Bingo.

'S e cuilean beag dubh agus geal a th' ann.


'S e cuilean beag tapaidh a th' ann.

Tha earball goirid geal agus cluasan mòra,
dubha air.


Aon là bha an t-acras uabhasach air Bingo.




“Is toil leam isbeanan,”
thuirt Bingo.




“Bha siud math!”
thuirt Bingo.



“Is toil leam criospan,”
thuirt Bingo.




“Bha siud math!”
thuirt Bingo.



“Is toil leam slaman-milis,”
thuirt Bingo.



“Gheibh mi e,”
thuirt Bingo.



“O, cuidich mi!”
thuirt Bingo.